

Bòrd MG ALBA

9 agus 10/3/22

Crowne Plaza/Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnallach; Donaidh MacAmhlaidh; Marion Nic na Ceàrdaich Ceit Anna NicLeòid, Iain Stephen Moireasdan, Iain Mac a' Mhaoilein, Lisa Annette, Màiri Kidd, Rhoda NicDhòmhnail

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)
Ealasaid Dhòmhnallach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
Ùisdean MacLeòid [UML] (Manaidsear Obrachaidh – Teicneòlas)
Maireadh Chamshron [MC] (Deasaiche Coimiseanaidh & Ceannard Co-bhanntachdan Cruthachail) airson puingean 13-16
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)
An làthair: Claire NicLeòid [CL] (Comhairliche HR) – airson puing 8
Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Seirbheis BBC ALBA) - airson puing 15

Chaidh seisean prìobhaideach a chumail eadar buill agus an t-Àrd-Oifigear ron choinneamh. Chaidh innse gum biodh an Stiùiriche Ionmhais a' leigeil dhith a dreuchd.

Chuir an Cathraiche fàilte air gu robh a' mhòr-chuid de bhuill cruinn còmhla airson a' chiad uair ann an dà bhliadhna. Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air na sgiobaidhean airson an cuid obrach rè na h-ùine sin agus airson nan duaisean a chaidh a ghèidheil. Chaidh taing a bhuileachadh air buill a' Bhùird cuideachd airson an cuid misneachd agus taic aig àm a bha gu math dùbhlach.

1. Leisgeulan

1.1 Bho Rhoda NicDhòmhnail airson a' chiad là.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Nochd Rhoda NicDhòmhnail gu faodaidh ùidh èirigh dhith nam biodh am Bòrd a' cumail deasbaid mu sheirbheisean conaltraidh agus nach gabhadh i pàirt sa chòmhradh seo ri linn a

h-obair làitheil. Cha do ghabh i pàirt sa chòmhradh mu chonaltradh le ministearan fo phuing 13 agus sheas i a-mach fo phuing 16.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

- a) 23 & 24/11/22 – aontaichte, an dèidh typo a bhith air a cheartachadh.
- b) 31/1/22 – aontaichte.
- c) **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do gheàrr-chunntasan nan coinneamhan mu dheireadh agus do bhuill fainear a thoirt do na gnothaichean ag èirigh, dh'aontaich am Bòrd ris a' gheàrr-chunntas agus chomharraich am Bòrd na gnothaichean ag èirigh.
- d) **Gnìomh:** thèid figearan air ais chun Bhùird mar aig 10.8 ann an geàrr-chunntas na Samhna [\(IMT\)](#)

4. Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

a. Geàrr-chunntas 24/2/22

- 4.1 Chaidh innse le Cathraiche na Comataidh gur e an rud as motha a thàinig a-mach às a' choinneamh gur e am feum air a' chiad loidhne dìon ann an co-theacsa Frèama-obrach Dearbhaidh a neartachadh le dùil gun deigheadh adhartas a dhèanamh air an sin ron ath choinneamh Comataidh.
- 4.2 Bha buill riarachaidh gu robh cosgaisean bho smachd ach gur e a' cheist as motha dè an t-airgead a bhiodh sa bhanca aig deireadh na bliadhna ionmhais. Chaidh innse gu bheil seo bho sgrùdadh mionaideach làitheil agus gu bheil Riaghaltas na h-Alba air an cumail fiosraichte agus gu bheil iad dòigheil leis an argamaid a thaobh carson a tha cùisean mar a tha iad agus gu bheileas ag obair gus a làimhseachadh.
- 4.3 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail de na puingeann a bha fo dheasbad aig a' Chomataidh, chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear den gheàrr-chunntas.

5. Comataidh a' Chathraiche

a) Geàrr-chunntas 4/3/22

- 5.1 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail de na puingeann a bha fo dheasbad aig a' Chomataidh, chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear den gheàrr-chunntas, le aithne gu robhas a' làimhseachadh a' phuing mu Poileasaidh Pàighidh na buidhne fo phuing 10.

6. Clàr Riosgan

- 6.1 Bha pàipear agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall agus chaidh deasbad coileanta a chumail.
- 6.2 #24 – chaidh innse gu bheileas air a’ chunnart seo ìsleachadh ach gu bheil adhbhar dragh fhathast ann mu thimcheall.
- 6.3 #14 – chaidh innse gu robh Cathraiche na Comataidh airson an riosg seo a dheasbad aig ìre bùird. Thathas a’ coimhead ri seo ann an co-theacsa còmhraidhean leis a’ BhBC agus tha seo air a’ chlàr fo phuing 13, le feum a chumail aig ìre bùird.
- 6.4 #12 – chaidh aontachadh gu robh e riatanach buaidh ìre na h-atmhorachd a bhith soilleir ann an Clàr nan Riosgan.
- 6.5 #15 – chaidh aontachadh coimhead ann an doimhneachd aig an ath choinneamh bùird ri cho mòr ‘s a tha MG ALBA an urra ri treas phàrtaidhean.
- 6.6 San fharsaingeachd chaidh aontachadh gu bheil feum air coimhead air Clàr nan Riosgan a dh’fhaicinn an robh na riosgan ceart air an ainmeachadh, me, comas neart an roinn solair aig an aon àm ri bhith a’ coimhead ri miann riosg a’ Bhùird (Board risk appetite) ùrachadh.
- 6.7 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingeann a thog a’ Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh mun Chlàr Riosgan, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a thogail mu phrìomh riosgan na buidhne, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad riarachd gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-ìomchaidh agus, chun na h-ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gnìomh no le leasachadh. Aig an aon àm bha buill aontaichte gu robh feum air coimhead ri miann riosg a’ Bhùird an toiseachd le buidheann/neach bhon taobh a-muigh agus an uair sin gu robh feum air coimhead ri Clàr nan Riosgan a dh’fhaicinn robh na riosgan ceart air an ainmeachadh.
- 6.8 **Gnìomh:** 1) thèid seisean miann riosg a’ bhùird a chuir dòigh ann an co-chomhairle leis a’ Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh; agus 2) thèid fainear a thoirt do na puingeann a chaidh an togail mu riosgan sònraichte. (DC)

5 Dèanadas & KPlan

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigear agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh an-dràsta; coileantachd amasan (KPlan) MG ALBA a’ Phlana Obrachaidh bliadhna; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a’ Phlana Obrachaidh bhliadhna agus chaidh deasbad a chumail.
- 5.2 Chaidh innse gu bheil faireachdainn ann gu bheil adhartas agus soillearachadh a’ tighinn ann an còmhraidhean le luchd-ùidh.

- 5.3 Chaidh aithne a’ Bhùird a thoirt seachad airson duais *Best Places to Work*.
- 5.4 Chaidh còmhradh a chumail mu shuidheachadh airgid àrd na buidhne. Chaidh innse gu bheil seo bho sgrùdadh mionaideach làitheil agus gu bheil Riaghaltas na h-Alba air an cumail fiosraichte agus gu bheil iad dòigheil leis an argamaid a thaobh carson a tha cùisean mar a tha iad agus gu bheileas ag obair gus a làimhseachadh.
- 5.5 Chaidh mìneachadh a dhèanamh air a’ phròiseact Triùir, drama òigridh ioma-fhillte ris an robh dùil ri 8 prògraman de 15 mionaidean, aig cosgais san uair (cph) de [£ Fios glèidhte] airson MG ALBA. Bha os-chosgais (overspend) ann agus lethach slighe, san Dùbhlachd 2021, dh’iarr an riochdaire air an luchd-maoin beachdachadh air barrachd airgid a chuir dhan phròiseact. Cho-dhùin MG ALBA agus an luchd-maoin eile nach biodh e ciallach barrachd airgid a chuir dhan phròiseact, agus gun robh e nas fheàrr crìochnachadh far an robh iad, is gabhail ri nas lugha de phrògraman seach a bhith a’ cur barrachd airgid a steach do shuidheachadh caochlaideach is riosg àrd ann nach biodh an t-airgead a bharrachd gu leòr. Ri linn an co-dhùnadh sin (glusad bho 8 gu 4 episodes) chaidh cosgais san uair bho sheagh maoin MG ALBA an àrda gu barrachd na [£ Fios glèidhte]. Bha sin a’ ciallachadh gu robh am pròiseact a-nis aig ìre far am biodh cead a’ Bhùird a dhith. Chaidh a chomharrachadh gur e suidheachadh gu math àraid a bha seo agus bha fiosrachadh air beulaibh bhall. Cha robh cead *retrospective* dha shireadh, ach chomharraich am Bòrd an suidheachadh. Bha fios mun t-suidheachadh air a chumail ris a’ Chathraiche leis an AO aig an àm.
- 5.6 Chùm buill deasbad air mar a bha an suidheachadh seo a’ sealltainn an àrdachadh a bha a’ tighinn air cosgais phrògraman sa h-uile dòigh, sa chumantas 20% gu 25% air dràma.
- 5.7 Chaidh leasanan ionnsachadh sa chùis, cùis a bha a’ sealltainn an riosg a bha an lùib miann chompanaidhean a bhith a’ fàs.
- 5.8 Bha a’ chùis a’ sealltainn cho cudromach ‘s a tha e coimhead ri miann ro-innleachd riosg na buidhnean airson, am measg eile, companaidhean riochdachaidh.
- 5.9 Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air foillseachadh Càrn agus chaidh a dhaingneachadh nach eileas an-dràsta an dùil susbaint bho BhBC ALBA a chuir air, dha fhàgail airson stuthan fèin-chruthaichte agus a’ bheartas a tha an cois sin.
- 5.10 Chaidh innse gu bheileas an dùil FilmG a chuir a-mach gu tagradh a dh’aithghearr, an dèidh sìneadh aona bhliadhna a thoirt dhan chompanaidh an-uiridh.
- 5.11 **Co-dhùnadh:** a) chomharraich am Bòrd an suidheachadh leis a’ phròiseact Triùir agus b) an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisgean Dèanadais na ràithe mu dheireadh, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a chur dhearbhadh am Bòrd gun do ghabh iad

fainear don lèirmheas an Àird-Oifigear agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh agus na h-aithisgean air ìrean coileantachd amasan agus bhuidseatan MG ALBA airson an ràithe suas gu 30 Sultain 2021 agus gu robh na prìomh phuingean leasachaidh air an comharrachadh agus fo phlana gnìomh.

- 5.12 **Gnìomhan:** thèid fiosrachadh a chuir gu buill a thaobh dè an *overspend* a bha sa phròiseact Triùir. (IMT)

8. Riaghladh post-Covid

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na poileasaidhean a bha air an ùrachadh a' leantainn co-chomhairle le luchd-obrach agus luchd-lagh a thèid an co-roinn eadar Leabhar Slàinte & Sàbhailteachd agus Leabhar-làimhe na buidhne agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.2 Chaidh a shoillearachadh, ann an co-theacsa am Poileasaidh Obrachadh Sùbailte, nach eil siostam thagraidhean (appeals system) ann ma thèid iarrtas neach-obrach airson obrachadh sùbailte a dhiùltadh. Ri linn nach eil còir reachdail aig neach gearran a chuir an sàs chaidh innse gum biodh seo air a làimhseachadh taobh a-staigh an Sgioba Àrd-stiùiridh.
- 8.3 **Co-dhùnadh:** An dèidh do bhuill molaidhean a thoirt seachad agus an dèidh dhaibh beachdachadh air feumalachdan poileasaidh na buidhne ann an co-theacsa modhan obrach an dèidh Covid, dh'aontaich am Bòrd ri na poileasaidhean a bha fan comhair.
- 8.4 **Gnìomh:** Chaidh aontachadh gun tigeadh fios air ais chun Bhùird ann an sia mìosan gus fiosrachadh a thoirt seachad air ciamar a chaidh an cuir an sàs. (MAMI)

9 Lèirmheas air thoglaichean

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh fiosrachadh air adhartas le lèirmheas thoghlaichean.
- 9.2 Chaidh innse gu bheil planadh a' leantainn airson nan toglaichean, a' gabhail fainear den aonta màl air 54 agus 56 Rathad Shìphoirt air am feumar co-dhùnadh a ghabhail san t-Samhain 2022.
- 9.3 Chomharraich am Bòrd na còmhradhean a bha a' dol gus ro-innleachd a chuir ri chèile gu h-àraid a thaobh Rathad Shìphoirt.
- 9.4 Chaidh a chomharrachadh gu bheileas a' dèanamh call air an togalach a thaobh màladairean agus nach urrainnear seo fhulang ach gu robh mi-chinnt ann fhathast a thaobh cò tha a' tilleadh chun oifis, agus màladairean, an dèidh Covid.

- 9.5 Chaidh a chomharrachadh gu bheileas ag ràdh nar Lèirsinn gu bheileas ag iarraidh 300 obraichean ùra a thàladh agus gur dòcha gum bi na h-oifisean mar phrìomhachas an lùib seo ach gum biodh e math nam biodh Comhairle nan Eilean Siar a' stiùireadh nan còmhraidhean seo, le cothrom an àrainn a dhèanamh làn spionnadh agus misneachd.
- 9.6 **Co-dhùnadh:** leanaidh obair air ro-innleachd àite (place-based strategy)
- 9.7 **Gnìomh:** thig fiosrachadh air ais chun Bhùird san t-Sultain. (DC)

10. Poileasaidh pàighidh

- 10.1 Aig coinneamh Comataidh a' Chathraiche air 4/3/22 chaidh a mholadh chun Bhùird gun deigheadh poileasaidh pàighidh na buidhne air adhart a rèir comhairle Riaghaltas na h-Alba agus bha pàipearan-taic air beulaibh a' Bhùird. Dheigheadh sia làithean de làithean-saora poblach atharrachadh gu làithean-saora àbhaisteachd agus dheigheadh là poblach a bharrachd a bhuileachadh gus fèill a dhèanamh air lùbailidh Phlatanaim na Banrigh.
- 10.2 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail de mholadh Chomataidh a' Chathraiche a thaobh poileasaidh pàighidh airson 2022-23, dh'aontaich am Bòrd gun deigheadh pàigheadh luchd obrach suas ann an 2022-23 a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba.

11. Leasachadh na buidhne

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air adhartas a tha a' tachairt a thaobh leasachadh na buidhne.
- 11.2 Bho sheagh nam ball chaidh innse gun deach measaidhean a chumail agus bha fios mu na h-amasan ionnsachaidh agus na molaidhean aca an cois a' phàipeir.
- 11.3 Bho sheagh an luchd-obrach, tha oifigearan air a bhith a' dol tro mheasaidhean bliadhnail agus amasan na bliadhna seo aontachadh. A bharrachd air an sin, tha oifigearan air a bhith an-sàs anns a' phròiseict leasachaidh Co-chruthachadh ar Saoghal Còmhla a bha an cois nam pàipearan.
- 11.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail don leasachadh a tha Buill air a chomharrachadh dhaibh fhèin agus; an dèidh do bhuill gabhail fainear don leasachadh a bha a' tachairt aig ìre luchd-obrach agus; and dèidh do buill deasbad a chumail, chomharraich am Bòrd an adhartas a bha a' tachairt.
- 11.5 **Gnìomh:** 1) thèid Clàr Trèanaidh a bhùird ùrachadh a thaobh nam prìomhachasan a chaidh an comharrachadh (MAMI); 2) thèid beachdachadh air cuid aca aig Là nam Ball (Away Day); 3) thèid bruidhinn ri Comhairleachaidh HR na buidhne a thaobh leasachadh a dhèanamh ann am formaichean measaidh nam ball (AMD).

12. Bun-stèidh bhallrachd MG ALBA

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an iarrtas a tha mu choinneimh DCMS an-dràsta airson barrachd sùbailteachd a thoirt do MG ALBA mu chumadh agus mu bhallrachd a' Bhùird.
- 12.2 Chaidh innse gu bheil Ofcom ann an còmhraidhean le DCMS a thaobh na h-uallaichean rianachd a th' orra, ach gu bheil Ofcom airson uallachaidhean buill a chuir an dreuchd a chumail.
- 12.3 Chaidh innse gum biodh e feumail an casg a tha air oifigearan a bhith air a' Bhòrd a thogail agus am biodh e comasach gluasad gu Bòrd Aonadach (Unitary Board) agus co-dhùnaidhean agus modal obrach nas èifeachdaiche a chuir an sàs.
- 12.4 **Co-dhùnadh:** An dèidh do bhuill beachdachadh air pàipear deasbaid mu bhun-structar riaghalchais na buidhne cho-dhùin am Bòrd gu leanadh oidhirpean agus an reachdas atharrachadh.
- 12.5 **Gnìomh:** 1) thèid beachdachadh air cuideigin bho S4C no TG4 a thighinn a bhruidhinn mun chùis aig seisean trèanaidh nam ball (**MAMI**); 2) thèid beachdachadh air am biodh e feumail còmhradh a dhèanamh aig Là nam Ball; 3) thèid pàipear le structar S4C a chuirteachadh agus 4) beachdachaidh an Sgioba Àrd-stiùiridh air a' ghnothaich, a' toirt fainear do dè am fòcas a tha MG ALBA ag iarraidh agus thig molaidhean air ais chun Bhùird. (**DC**)

An dàrna là

13. Rèite ùr airson nam meadhanan Gàidhlig

- 13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' leantainn air còmhraidhean a tha air a bhith aig a' Bhòrd tro 2021.
- 13.2 Bha am pàipear cuideachd a' sireadh aonta a' Bhùird air Cumhaichean Iomraidh airson còmhraidhean leis a' BhBC.
- 13.3 Chaidh innse gun d' fhuireadh freagairt bho Mhinistear na Stàite aig an Roinn Didseatach, Cultar, Meadhanan & Spòrs agus gu bheil iad deònach èisteachd ri argamaid. Tha coinneamh le ministearan - Iain Stewart bho Oifis na h-Alba agus Julia Lopez bho DCMS - san leabhar-là airson 29/3/22.
- 13.4 Aig ìre a' BhBC, tha còmhraidhean air tòiseachadh taobh a-staigh na buidhne sin air gnothaichean ro-innleachd airson na h-ath trì bliadhna. Chaidh innse gur e adhartas a th' ann gu bheil Cumhaichean Iomraidh air nochdadh air clàr a' BhBC.

- 13.5 Aig ìre Riaghaltas na h-Alba tha Ministear an Ionmhais mothachail air a’ bheàrn a tha ann eadar bàigh an Riaghaltais agus co-dhùnadh a thaobh na h-ìre de mhaoineachadh a thathas a’ sireadh.
- 13.6 Bha aonta ann gu bheil feum, mura tig an tuilleadh airgid, coimhead ri dè as urrainnear a dhèanamh leis an t-airgead a th’ ann an-dràsta.
- 13.7 Bha aona bhall den bheachd gu bheil feum, a thuilleadh air MG ALBA a bhith a’ cumail a’ dol le na còmhraidhean agus iomairtean, air buidhnean cuideim (pressure groups) bhon phoball gus buaidh a thoirt air luchd-poilitigs.
- 13.8 Chaidh innse gu bheileas ag obair air an roinn solair a bhrosnachadh.
- 13.9 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air an mar tha dol le còmhraidhean leis a’ BhBC, le Riaghaltas na RA, le Ofcom agus le Riaghaltas na RA, cho-dhùin am Bòrd 1) gun deigheadh MG ALBA an sàs ann an còmhraidhean oifigeil leis a’ BhBC a rèir nan Cumhaichean Iomraidh a bh’ air am beulaibh gus co-bhanntachd BBC ALBA ùrachadh; 2) dhealbhaich am Bòrd an dùil a bha aca bho na còmhraidhean agus an clàr-ama airson molaidhean a chur fan comhair; agus 3) bhrosnaich am Bòrd gun deigheadh cuideam a chur air tuigse phoblach mu staing nam meadhanan Gàidhlig àrdachadh gus am faiceadh an luchd-ùidh gu robh e cudromach rèite ùr a lorg.
- 13.10 **Gnìomh:** 1) leanaidh planadh airson maoin de £12.8m; 2) leanaidh iomairt gu math cruaidh gus ar n-argamaidean fhoillseachadh agus a chuir a-mach am measg an t-sluaigh agus 3) bheir am Bòrd taic do dh’oifigearan a dhol an sàs ann an còmhraidhean leis a’ BhBC. Thig plana air ais chun Bhùird san Ògmhios. [\(EMD\)](#)

14. Astar nas Luaithe/Riaghaltas na h-Alba

- 14.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ toirt sealladh don Bhòrd air an obair a tha MG ALBA a’ coileanadh a dh’fhaodadh fhaicinn mar taobh a-muigh dleastanas na buidhne, no timcheall air oir ar dleastanas.
- 14.2 Chaidh a ràdh gu bheil ròl aig MG ALBA ann a bhith a’ brosnachadh susbaint bho sheagh chom-pàirteachasan coimhearsnachd.
- 14.3 Chaidh a ràdh gu bheil Plana Nàiseanta Gàidhlig ùr gu bhith fo cho-chomhairle agus gu robh e riatanach gun tig soillearachadh air ròl nam meadhanan Gàidhlig ann an ath-bheothachadh a’ chànain.
- 14.4 Bha beachd aig aona bhall gu feumar a bhith soilleir a thaobh craoladh agus gu bheil uallach a’ tuiteam air a’ BhBC cuideachd a thuilleadh air MG ALBA.

14.5 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air àite MG ALBA ann an leasachadh na Gàidhlig, mar a chaidh a mhìneachadh anns a’ pàipear a bha air am beulaibh; agus an dèidh do bhuill comhairle a thoirt seachad; dhearbhadh am Bòrd gun do ghabh iad fainear do dh’àite MG ALBA ann an leasachadh na Gàidhlig agus gum biodh e iomchaidh nam biodh na meadhanan air a thoirt a-steach don Phlana Nàiseanta ùr airson na Gàidhlig ris a bheil dùil ro dheireadh na bliadhna no ann an aonta sgrìobhte le Bòrd na Gàidhlig.

15. Lèirmheas ro-innleachd ghnèithean phrògraman

- 15.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh ro-innleachd ghnèithean phrògraman BBC ALBA is am Bòrd ri co-dhùnaidhean mu mhaoin ghnèithean a ghabhail thar na mìosan ri teachd.
- 15.2 Bha am pàipear a’ mìneachadh ro-innleachd luchd-coimhid; na gnèithean a libhrigeas an ro-innleachd sin; mar a tha na gnèithean sin air an libhrigeadh dhan t-seanail agus fianais mu bhuidh na gnèithean sin air an luchd-coimhid. Bha am pàipear cuideachd a’ toirt barrachd fiosrachaidh mun ghnè Spòrs, is co-dhùnaidhean mu ionmhas a’ ghnè seo rin gabhail leis a Bhòrd thar na mìosan ri teachd.
- 15.3 Chaidh faighneachd an e seo fhathast an ro-innleachd a bhiodh aig BBC ALBA a’ coimhead air adhart ceithir bliadhna. Chaidh innse gu bheil na gnèithean a’ frithealadh seirbheis iomlan agus gum bi seo fhathast iomchaidh rè ùine, a thuilleadh air na leasachaidhean a bhathas a’ cur air adhart nar Lèirsinn airson dràma agus comadaidh agus san fharsaingeachd gu bheil an cothromachadh eadar ghnèithean fhathast iomchaidh.
- 15.4 Chaidh innse gu bheil iomairtean a’ dol gus pròiseactan a bhrosnachadh le leithid Alba Chruthachail agus gu bheileas a’ coimhead ri pròiseactan co-mhaoineachadh ann an *scripted*, a’ coimhead ri gach tobair a th’ ann a bhiodh gu feum.
- 15.5 Chaidh ceist a chuir air dè an sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air dè cho riatanach ‘s a tha e san là an-diugh gum biodh BBC ALBA ag obair mar dhoras chun na Gàidhlig nuair a bha meadhanan didseatach eile ann.
- 15.6 Chaidh ceist a chuir air an robh barrachd rannsachadh agus fianais a dhith ri linn an airgead a thathas a’ cur ris an ro-innleachd seo a bhith mar dhoras chun na Gàidhlig. Chaidh innse gu bheil an t-susbaint a thathas a’ cruthachadh san roinn seo gu maith luchd-amhairc na h-Alba air fad agus nach b’ ann a-mhàin airson daoine às aonais Gàidhlig a bha e.
- 15.7 Chaidh innse gur e ro-innleachd a’ BhBC san fharsaingeachd a bhith ag aithneachadh na seanail loidhneach agus ga neartachadh ach a bhith cuideachd a’ toirt buaidh air an iPlayer ann an saoghal didseatach.

- 15.8 Chaidh innse gum bi conaltradh cunbhalach ann le BBC Scotland gus faicinn càite am b' urrainn co-obrachadh.
- 15.9 Chaidh innse gu bheileas ag obair gu dlùth a thaobh spòrs an-dràsta, a' làimhseachadh spòrs nam ban bho thaobh geamannan *domestic* and an sgioba nàiseanta.
- 15.10 Chaidh innse gu bheileas obair a' dol gus sanasachadh (cross promotion) fhaighinn ceart agus cunbhalach.
- 15.11 Chaidh innse gu bheil conaltradh a' leantainn le BBC Three agus BBC Scotland a thaobh co-coimiseanadh.
- 15.12 Chaidh ceist a chuir a bheil buidhnean fòcais no rannsachaidh ann a thaobh dè a mhiannaicheadh na Gàidheil nach eil iad an-dràsta a' faighinn. Chaidh innse gu bheil seo dha làimhseachadh tro rannsachadh seachdainneil agus mìosail ach gum biodh e iomchaidh buidheann fòcais a chumail.
- 15.13 Chaidh faighneachd ciamar a thathas a' tomhas dè tha luchd-amhairc ag iarraidh às aonais figearan iomlan, ag aithneachadh gu robh na figearan an-dràsta a rèir gach ùrlar air leth.
- 15.14 Chaidh ceist a chuir a thaobh ro-innleachd an iPlayer. Chaidh innse gu bheil na dùbhlain seo mu choinneimh gach nàisean a' BhBC (seach network a' BhBC) ach gu bheil faicsinneach an iPlayer cudromach agus feumach air a neartachadh airson BBC ALBA.
- 15.15 Chaidh ceist a chuir air an sealladh agus an ceangal eadar loidhneach agus didseatach. Chaidh innse gu feum iad seo a bhith beò còmhla agus ged a tha dà ro-innleachd ann gu feum iad a bhith ceangailte.
- 15.16 Chaidh ceist a chuir an robh fios air sealladh dhaoine òga air seanail loidhneach BBC ALBA. Chaidh innse gu bheil rannsachadh dha dhèanamh gach seachdain, air a bhriseadh suas a thaobh aoisean. Chaidh aontachadh gum biodh e feumail taisbeanadh a chuir ri chèile air dè na gnèithean a tha a' còrdadh ri daoine òga.
- 15.17 Chaidh ceist a chuir a thaobh na daoine òga nach eileas a' ruighinn agus ciamar a bha sin a' toirt buaidh air co-dhùnaidhean sheilbheachd. Chaidh innse gu bheileas a' cur barrachd gu ruige *scripted* agus comadaidh ach gu bheil fianais airson luchd-coimhid òga an aon rud thar cànan agus gu bheileas a' feuchainn nas urrainnear a dhèanamh taobh a-staigh a' mhaoin.
- 15.18 Le amasan na buidhne soilleir san Lèirsinn a thaobh dè dhèanar leis an tuilleadh mhaoin, chaidh ceist a chuir air ciamar a dheigheadh an Lèirsinn a choileanadh mura tigeadh an tuilleadh sheilbheachd. Chaidh innse gu bheileas ag obair gu ro-innleachdail ann a bhith a' glèidheadh airgid bho thobraichean eile. Ged a thathas ann an suidheachadh cuingealaichte thathas a' dèanamh ar dìcheall daoine òga a fhrithealadh le iomairtean leithid Càrn.

- 15.19 Thèid modal obrachaidh a chuir ri chèile a thaobh dè dhèanamaid nam biodh àrdachadh maoin ann.
- 15.20 Chaidh aontachadh gu robhas air slighe an seo agus nach eileas aig ìre far am b' urrainnear co-dhùnaidhean a ruighinn agus gu bheil modal a dhith a thaobh planaichean nam biodh maoin a bharrachd ann.
- 15.21 Le Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh lèirmheas chosgaisean (spending review) airson trì bliadhna, bha e riatanach modal MG ALBA a bhith taobh a-staigh seo.
- 15.22 Leanaidh còmhraidhean eadar MG ALBA agus am BBC air cumadh a thoirt air co-bhanntachd sna bliadhnaichean ri thighinn.
- 15.23 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air cùisean, dhearbha am Bòrd gu bheil iad ag aontachadh gu bheil ro-innleachd luchd-coimhid BBC ALBA a' coileanadh amas MG ALBA a thaobh luchd-amais, 's e sin gu bheil an t-seanail a' frithealadh luchd-coimhid Gàidhlig le seirbheis cho iomlan 's a cheadaicheas am maoin agus a' frithealadh luchd-coimhid nàiseanta le bhith mar dhoras chun na Gàidhlig.
- 15.24 **Gnìomh:** 1) thig an ath phàipear chun Bhùird san Ògmhios le sùil air ne ceistean a chaidh an togail gu h-àrd; 2) thèid ùrachadh a dhèanamh air a' chlàr ghnèithean gus sealltainn uairean a thide gu h-iomlan agus 3) thig fianais bho aithrisean ro-innleachd (strategy statements) chun Bhùird. **(IMT)**

16. Mapa Ro-innleachd

- 16.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le dreachd Mapa Ro-innleachd airson deasbad agus beachd agus chaidh còmhradh a chumail.
- 16.2 Chaidh a dhaingneachadh gu bheileas fhathast ag amas air FilmG a bhith ann an ath bhliadhna.
- 16.3 Chaidh a ràdh gum bhiodh e feumail KPI a bharrachd a bhith sa phrìomh 10 mu leasachadh sgilean agus tàlant.
- 16.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail air susbaint am Mapa Ro-innleachd, agus molaidhean a thoirt seachad a thaobh an tuilleadh obrach a bha a dhith air, dh'aontaich am Bòrd gum bi am Mapa Ro-innleachd mar chuspair seasmhach air a' chlàr aig gach coinneamh.
- 16.5 **Gnìomh:** thig e air beulaibh a' Bhùird aig gach coinneamh. **(EMD)**

17. Conaltradh luchd-ùidhe agus làthaireachd aig tachartasan

- 17.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh prìomhachasan conaltraidh airson na h-ath 6 mìosan; fiosrachadh mu fhoillseachadh an Lèirsinn; tachartasan aithnichte agus prìomh chinn-latha agus an taic bho bhuill a' bhùird ann a bhith a' meudachadh chothroman conaltraidh.
- 17.2 Le feum air taic nam ball, thèid fiosrachadh/cuiridhean gu buill airson làthaireachd aig diofar thachartasan.
- 17.3 Chaidh a ràdh gum biodh e feumail Comhairlean eile a chuir ris an liosta de Comhairlean ris an robhas a' conaltradh agus chaidh a dhaingneachadh gun deigheadh an liosta seo a leudachadh.
- 17.4 Chaidh a ràdh gum biodh e math Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean fhaighinn gu Steòrnabhagh.
- 17.5 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air na h-ùrachaidhean mu chom-pàirt luchd-ùidh; agus na h-ùrachaidhean do na planaichean conaltraidh; agus na cothroman tachartais chumar deasbad agus gabh am bòrd toirt fa-near do shusbaint nam pàipearan.

18 Planadh Ionmhasail

- 18.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta a' Bhùird air an dreachd Plana Obrachaidh 2022-23.
- 18.2 Chaidh innse ged nach eil Ofcom a-nis a' gabhail uallach am Plana aontachadh, gun d' fhuair iad cothrom ceistean a thogail mun Phlana Obrachaidh 2022-23. Cha robh nì ann a bha susbainteach no a thug atharrachadh air a' Phlana, ach gun do thog iad gu robh dreachd buidseat siubhail na buidhne a' coimhead duilich. Às dèidh na coinneimh seo, thèid dreachd Plana Corporra 2022 gu 2025 ullachadh airson tighinn fa chomhair a' Bhùird air 15/16 Ògmhios 2022.
- 18.3 Thuirt cuid a bhuill gu robh cuid de na buidseatan neo-phrataigeach ged a bha fios gu feumar cosgaisean a chothromachadh le eimiseanan carboin.
- 18.4 Chaidh faighneachd an robhas a' dèanamh conaltradh le Roinn Ath-leasachaidh Foghlaim aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh an Lèirmheas Chosgaisean. Chaidh innse gun deigheadh barrachd a dhèanamh a thaobh seo sna làithean air thoiseachd, a' conaltradh gu h-àraidh aig ìre oifigearan.
- 18.5 Chaidh faighneachd an deach a' cheist a chuir orra carson nach d' fhuair am maoin air fad a chaidh fhoillseachadh ann am buidseat oifigeil an Riaghaltais. Chaidh innse gun d'

fhuairas fiosrachadh gu bheil cosgaisean mu choinneimh an loidhne buidseit nach eil follaiseach air an taobh a-muigh.

18.6 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh agus ceistean a chur, dh'aontaich am Bòrd ris a' Plana Obrachaidh 2022-23.

18.7 **Gnìomh:** thèid am Plana Obrachaidh a chuir gu Ofcom. **(DMD)**

19 GISBE

19.1 Chaidh taing a' Cathraiche agus oifigearan a bhuileachadh air Donaidh MacAmhlaidh a bha an làthair aig a' choinneamh Bùird mu dheireadh mus bi a bhallrachd a' tighinn gu crìoch. Chaidh taing air leth a thoirt dha airson a chuid obrach thar ochd bliadhna agus airson a thaic agus comhairle mar Chathraiche air a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh.

19.2 Chaidh innse gum bi agallamhan ann air 16/3/22 airson ball ùr.

19.3 Thèid beachdachadh air àm freagarrach airson Là nam Ball.

20 Deit na h-ath choinneimh – 15 agus 16/6/22 – Steòrnabhagh

20.1 Thèid coinneamhan Bùird atharrachadh mar a leanas: coinneamh Sultain a chumail san Dàmhair agus coinneamh na Samhna a chumail san Dùbhlachd. **(MAMI)**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: